

An Litir Bheag

le Ruairidh MacIlleathain

An Litir Bheag is a shortened and simplified version of Ruairidh's Litir do Luchd-ionnsachaidh (also available on the BBC website), designed for those who are at an earlier stage of learning Gaelic. The topic each week is the same as Litir do Luchd-ionnsachaidh so that, once the Litir Bheag is mastered, a student of the language might wish to try the full Litir. This is Litir Bheag 112 (which corresponds to Litir 416). Ruairidh can be contacted at rodny.macleam@bbc.co.uk.

Nuair a bha a' chlann agam òg bha mi a' dol don chròileagan còmhlà riutha. Bha sin anns an Eilean Sgitheanach. Dh'ionnsaich sinn òrain aig a' chròileagan. Tha beagan cuimhne agam air fear de na h-òrain. Seo agaibh am pìos a tha mi a' cuimhneachadh:

Uiseag bheag dhearg na mòna duibh, na mòna duibh, na mòna duibh, Uiseag bheag dhearg na mòna duibh, càite na chaidil thu raoir san "ì". 'S e a' Bheurla a th' air uiseag – skylark. Bha an t-òran snog ach bha aon rud a' cur dragh orm. 'S e sin deireadh na loidhne mu dheireadh.

Seo an t-òran a-rithist: *Uiseag bheag dhearg na mòna duibh, na mòna duibh, na mòna duibh, Uiseag bheag dhearg na mòna duibh, càite na chaidil thu raoir san "ì". Nise, dè tha am facal "ì" a' ciallachadh? Cha robh fios agam. Chuir mi ceist air tè le Gàidhlig.*

"Tha mi a' smaoinneachadh gu bheil e a' ciallachadh 'oidhche'," thuirt i. Bha sin a' dèanamh ciall – càite na chaidil thu raoir san oidhche? Ach carson nach e "oidhche" a bh' anns an òran, seach "ì"? An robh àite ann an Alba far an robh daoine ag ràdh "ì" airson "oidhche"? Tha mi a' smaoinneachadh nach robh.

Am-bliadhna fhuair mi fuasgladh don cheist. Thug e toileachas dhomh. Bha mi ann an Eilean Mhanainn. Dh'ionnsaich mi beagan dhen Ghàidhlig aca. Tha i gu math coltach ri Gàidhlig na h-Alba.

Seo agaibh trì abairtean ann an Gàidhlig Eilean Mhanainn. Tha *moghrey mie* a' ciallachadh "madainn mhath". Thuirt cuideigin rium gu bheil *moghrey* a' tighinn bho *moch-thràth* ("early time"). Co-dhiù, sin *moghrey mie*. Tha *fastyr mie* a' ciallachadh "feasgar math". Agus airson "oidhche mhath", canaidh iad *oie vie*. *Oie vie*. Uh-uh, thuirt mi rium fhìn, *càite na chaidil thu raoir san oie!* Thàinig an t-òran à Eilean Mhanainn!

Thuirt tè Mhanainneach rium gun robh an t-òran sin aca. Agus thuirt fear eile rudeigin inntinneach. Chan eil *ushag* ann an Gàidhlig Eilean Mhanainn a' ciallachadh *skylark*. Tha e a' ciallachadh eun sam bith. An dèidh sia bliadhn' deug, fhuair mi fuasgladh don cheist agam.

* * * * *

Faclan is abairtean: bha mi a' dol don chròileagan còmhla riutha: *I was going to the Gaelic playgroup with them*; dh'ionnsaich sinn òrain: *we learned songs*; seo agaibh am pìos a tha mi a' cuimhneachadh: *here [for you] is the bit I remember*; uiseag bheag dhearg na mòna duibh: *little red skylark of the black peat*; càite na [an do] chaidil thu raoir?: *where did you sleep last night*; bha aon rud a' cur dragh orm: *one thing was annoying me*; deireadh na loidhne mu dheireadh: *the end of the last line*; chuir mi ceist air tè le Gàidhlig: *I asked a woman who spoke Gaelic*; bha sin a' dèanamh ciall: *that was making sense*; an robh àite ann an Alba far an robh daoine ag ràdh "ì" airson "oidhche"?: *was there a place in Scotland where people said "ì" for "oidhche" (night)?*; fhuair mi fuasgladh don cheist: *I got a solution for the question/problem*; thug e toileachas dhomh: *it made me happy*; Eilean Mhanainn: *Isle of Man*; thuir cuideigin rium: *somebody said to me*; thuir mi rium fhìn: *I said to myself*; thàinig an t-òran à X: *the song came from X*; thuir tè Mhanainneach rium: *a Manxwoman said to me*; thuir fear eile rudeigin inntinneach: *another guy said an interesting thing*; eun sam bith: *any [type of] bird*; an dèidh sia bliadhna deug: *after 16 years*.

ends